

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at roddy.maclean@bbc.co.uk. This is Litir 438. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 134 corresponds to Litir 438.

An t-seachdain sa chaidh, thug mi earrann dhuibh de sgeulachd à Miughalaigh, a chaidh a chruinneachadh le Lisa Storey, agus a nochdas anns an leabhar ùr aice, *Muinntir Mhiughalaigh*. 'S e an t-ainm air an stòiridh *Boban Saor*. Uill, tha mi airson an ìre mhath an aon stòiridh innse dhuibh an t-seachdain seo, ach le diofar no dhà ann. Agus chan ann à Miughalaigh a thàinig e – ach à taobh thall a’ chuain ann an Canada.

Tha leabhar fìor mhath ann air a bheil *Tales until Dawn – Sgeul gu Latha* a chaidh a chur ri chèile leis an sgoilear Ghàidhlig, Iain Seathach. Tha Iain a-nise stèidhichte ann an Dùn Èideann, ach bha e a’ fuireach uaireigin ann an Eilean Cheap Bhreatainn ann an Alba Nuadh. Chruinnich e tòrr sgeulachdan is naidheachdan bho fhear Eòs MacNìll ann an Ceap Breatainn. Agus abair stòras de sgeulachdan is naidheachdan! Am measg na th’ aige ann an *Sgeul gu Latha*, tha an stòiridh seo – *Boban Saor*. An dearbh dhuine ris an do thachair sinn ann am beul-aithris Mhiughalaigh. Faodaidh sibh coimeas a dhèanamh eadar an stòiridh à Miughalaigh agus am fear à Ceap Breatainn. Agus, mar a rinn mi le fear Mhiughalaigh, tha mi air atharrachadh no dhà a dhèanamh gus am bi e beagan nas fhasa dhuibh.

Latha a bha seo, thuir Boban Saor ri a mhac gun robh iad a’ dol air thuras. Dh’iarr e air a mhac faighinn deiseil. Dh’fhaighnich a mhac dheth càite an robh iad a’ dol. Thuir Boban Saor gun robh iad a’ dol a dh’fhalbh gus an ruigeadh iad an t-àite anns an robh an t-uisge a’ ruith **an aghaidh a’ bhruthaich**. Bidh cuimhne agaibh an t-seachdain sa chaidh gun robh *an sruth an aghaidh àird* againn airson “water running uphill”. An turas seo tha *an t-uisge a’ ruith an aghaidh a’ bhruthaich* againn. Tha e a’ ciallachadh an aon rud.

Dh’fhalbh iad, a’ marcachd. Bha dìreach aon each aca. Bha an dithis aca air druim an eich. Chaidh iad pìos agus thàinig iad gu allt. Bha am fear òg a’ gabhail beachd air na thuir athair. Bha e a’ coimhead airson àite anns an robh an t-uisge a’ ruith an aghaidh a’ bhruthaich.

Mar a thàinig iad a dh’ionnsaigh an uillt, thuir Boban Saor ris a’ ghille e thighinn air làr, agus gun leigeadh iad leis an each a dhol sìos a ghabhail deoch. Bha an gille na sheasamh, 's e a’ coimhead air an each. Thuir e ri athair an ceann tacain, “Faodaidh sinn tilleadh.”

“**Carson a dh’fhaodas sinn tilleadh?**” thuir athair.

“O,” ars’ esan, am fear òg, “ràinig sinn an t-àite anns a bheil an t-uisge a’ ruith an aghaidh a’ bhruthaich. Seall,” ars’ esan, “mar a tha an t-uisge a’ dol suas ann an amhaich an eich.”

“S fhìor sin,” arsa Boban Saor, agus thuig e gun robh an gille gu math seòlta.

Dè an stòiridh as fheàrr leibh? Bha barrachd ann am fear Mhiughalaigh, ceart gu leòr, ach 's ann mì-fhortanach a bha an gille anns an stòiridh sin, agus e air a chur air falbh. Anns an stòiridh à Ceap Breatainn, 's e an gille a tha glic. Chan eil sgeul air an dithis mhac eile agus chan eil dad ann mu dheidhinn a' bhean aige a bhith ag innse do Bhoan Saor nach ann leis-san a bha fear dhen triùir. Tha Bhoan Saor a' nochdadh ann an grunn sgeulachdan, an dà chuid ann an Alba is Canada. Innsidh mi fear eile dhuibh an ath-sheachdain.

* * * * *

Faclan na Litreach: Miughalaigh: *Mingulay*; Iain Seathach: *John Shaw*; a' marcachd: *riding a horse*.

Abairtean na Litreach: agus a nochdas: *and which appears*; tha mi airson an ìre mhath an aon stòiridh innse dhuibh: *I want to tell you pretty much the same story*; diofar no dhà: *one or two differences*; à taobh thall a' chuain: *from the far side of the ocean*; stèidhichte ann an: *based in*; a' fuireach uaireigin: *living at one time*; Eòs MacNeill ann an Ceap Breatainn: *Joe (Neil) MacNeil in Cape Breton*; abair stòras de sgeulachdan is naidheachdan: *what a fund of stories and anecdotes*; an dearbh dhuine: *the same man*; faodaidh sibh coimeas a dhèanamh: *you can compare*; beagan nas fhasa dhuibh: *a little easier for you*; latha a bha seo: *one day*; a' dol air thuras: *going on a journey*; dh'iarr e air a mhac faighinn deiseil: *he asked his son to get ready*; dh'fhaighnich a mhac dheth: *his son asked him*; gus an ruigeadh iad an t-àite: *until they reached [would reach] the place*; chaidh iad pìos: *they went a distance*; a' gabhail beachd air: *thinking about*; mar a thàinig iad a dh'ionnsaigh an uillt: *as they approached the burn*; thuirt X ris a' ghille e thighinn air làr: *X told the lad to dismount*; gun leigeadh iad leis an each: *that they would let the horse*; na sheasamh, 's e a' coimhead air an each: *standing, looking at the horse*; an ceann tacain: *after a short while*; suas ann an amhaich an eich: *up in the horse's neck*; 's fhìor sin: *that's true*; thuig e gun robh an gille gu math seòlta: *that the lad was very clever*; dè an stòiridh as fheàrr leibh?: *which story do you prefer?*; 's ann mì-fhortanach a bha an gille: *the lad was very unfortunate*; chan eil sgeul air an dithis mhac eile: *there is no mention of the other two sons*; mu dheidhinn a' bhean aige a bhith ag innse do X nach ann leis-san a bha fear dhen triùir: *about his wife telling X that one of the three was not his*.

Puing-chànain na Litreach: Carson a dh'fhaodas sinn tilleadh?: *why can we return?* It's worth remembering with carson [a], as with ciamar [a], that the verbal form which follows it is either the independent form (eg the tha form, rather than a bheil, for example carson a tha e mar sin), or the relative future form – which ends in –as, hence the form in the Litir. Thus we might say carson a dhùnas iad a' bhùth aig meadhan-latha? (why do they close the shop at midday?) or carson a chanas iad a leithid sin? (why do they say a thing like that?) Where the verb starts with an “f”, lenition, producing the soundless “fh” combination, causes an initial dh' – thus carson a dh'fhosglas iad a' bhùth aig meadhan-latha? (why do they open the shop at midday?)

Gnàthas-cainnt na Litreach: an aghaidh a' bhruthaich: *uphill*.

* Tha “Litir do Luchd-ionnsachaidh” air a maoineachadh le Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig.